

Fios air Fuaimean

Còd na h-Aibidil agus Sgilean Fonaigs

ea

di

dio

dì

dìo

-igh

fuaimean sàmhach am broinn fhaclan

st

-rt

agh

a' coimeasgachadh - roghainnean eile

1. Ruith do chorrach fo na grafioman agus 'can na fuaimean'. Dèan seo tric.
2. Èist ris na fuaimean agus sgrìobh na litrichean 'san adhar', sgrìobh iad, no comharraich iad.

ea						
di	dio	dì	dìo			
-igh						
fuaimean sàmhach am broinn fhaclan		bh	dh	gh	mh	th
st	-rt					
agh						
roghainnean eile	be	ce	fe	ge	pe	te

'S e seo **grafioman iochdrach** (litrichean agus buidhnean litrichean beaga). Tha na grafioman seo nan **còd airson nam fuaimean** anns a' Ghàidhlig.

Tha co-fhreagradh gach litir no buidheann litrichean ri fuaim air an toirt a-steach san leabhar seo.

Tog eòlas air gach grafiom agus air an fhuaim aige, aon is aon, **thar ùine**.

EA						
DI	DIO	DÌ	DÌO			
-IGH						
fuaimean sàmhach am broinn fhaclan		BH	DH	GH	MH	TH
ST	-RT					
AGH						
roghainnean eile	BE	CE	FE	GE	PE	TE

'S e seo **grafioman uachdrach** (litrichean mòra). Tha iad nan **còd airson nan aon** fhuaimean ris na litrichean beaga aca. Maids iad ris na litrichean beaga aca.

Tha na grafioman a tha **nan còd airson** fuaimean nan connragan ann an clò **glas** agus tha na grafioman a tha **nan còd airson** fuaimean nam fuaimreagan ann an clò **dubh**.

Tha na grafioman aig nach eil fuaim ann an clò **orains**.

Tha sgrìoban glasa a' comharrachadh ghrafioman a th' air an cleachdadh mar as trice ann am meadhan no aig deireadh fhaclan sgrìobhte.

Ro dheireadh an leabhair ioma-sgil, an urrainn dhut na fuaimean gu lèir airson nan litrichean sin a ràdh?

An urrainn dhut na fuaimean a chluinntinn agus na litrichean a sgrìobhadh?

Litrichean na h-Aibidil

Aa



Bb



Cc



Dd



Ee




Ff



Gg



Hh



Ii



Ll



Mm




Nn



Oo



Pp



Rr




Ss




Tt



Uu




Fuaimean agus litrichean còd na h-aibidil a th' air an toirt a-steach ann an **Aonad 6**



sanasan fuaim agus dealbhan	còd sìmplidh	Còd coimpleacs Grafioman (litrichean agus buidhnean litrichean) a tha nan còd airson nam fuaimean, le faclan mar eisimpleirean				
/c/	c cas					
/m/	m muc			Tha na slaisean timcheall air litrichean a' comharrachadh nam fuaimean: /s/ gorm = fuaim connraig /a/ dearg = fuaim fuaimreig		
/d/	d doras					
/s/	s sàbh					
/a/	a ad		ai parsail	ea seillean		
/o/	o orainsear		oi coire	eo reothadair		
/l/	l lus	ll crogall		Tha fuaimreagan caol air gach taobh de 'll' ga dhèanamh bog: sgillinn		
/r/	r ròn	rr curran		Fuaimnich na connragan dùbailte mar aon fhuaim: 's e 'rr' an còd airson /r/		
/u/	u ugh		ui uinneag	iu sluga		
/à/	à àl		ài sgàilean	eà ceàrnag		
/f/	f forc	ph cairt-phuist				
/g/	g grian					
/n/	n nathair	nn tunnag				
/ò/	ò òrd		òì còisir	eò seòmar		
/ù/	ù cù		ùì sùil	iù siùcar		


Fuaimean agus litrichean còd na h-aibidil a th' air an toirt a-steach ann an **Aonad 6**

















sanasan fuaim agus dealbhan	còd sìmplidh	Còd coimpleacs Grafioman (litrichean agus buidhnean litrichean) a tha nan còd airson nam fuaimean, le faclan mar eisimpleirean					
/b/	b bròg						
/t/	t tùr						
/p/	p putan						
/sh/	sh shad	th thog			Tha an fhuaimreag an dèidh 'sh' a' toirt beagan buaidh air an fhuaim: sh àbh agus sh eall		
/i/	i ite	Tha 'dh' aig deireadh - idh agus - aidh sàmhach	-idh sil idh	-aidh là aidh	io crios	ai balaich	-igh taigh
/e/	e esan		ea peant	ei peile			
/ì/	ì ìne		ìo sìobra				
/è/	è èist		èi cèic	èa trèana			
/ch/	ch clach						
/mh/	mh snàmh	bh bhan					
/ao/	ao craobh						
/ua/	ua uan				Tha 'th' sàmhach ann am meadhan agus aig deireadh fhaclan agus tha 'fh' sàmhach sa chumantas		
/th/	th bùth	th rathad	fh bruis-fhiaclan	bh ubhal	dh adharc	gh bogha-froise	mh còmhlán
/dh/ 2	dh dhà	gh bàgh	adh a' sgrìobhadh	-eadh a' bìdeadh	agh sluagh		


Tha 'dh' ann am meadhan facail buailteach a bhith sàmhach. Tha an aon fhuaim aig 'dh' agus 'gh' nuair a tha iad an lùib fhuaimreagan agus nuair a tha fhuaimreag chaol an dèidh 'dh': **gheibh**, **deigh**, **dheann**.

Fuaimean agus litrichean còd na h-aibidil a th' air an toirt a-steach ann an **Aonad 6**



sanasan fuaim agus dealbhan	còd sìmplidh	Còd coimpleacs Grafioman (litrichean agus buidhnean litrichean) a tha nan còd airson nam fuaimean, le faclan mar eisimpleirean				
id 	id basgaid					
ìd 	ìd sìde					
-chd 8	faclan le -chd	achd a' marcachd	eachd seachd	ochd ochd	uchd luchd-obrach	ùchd brùchd
de 	de dearg	di diùdo	dio a' diogladh			
dè 	dè dealan-dè					
eu 	eu reultan					
dì 	dì dìnnear	dìo diog				
st 	st combaist					
-rt 	-rt cairt					
roghainnean eile						
be- 	be bealach					
ce- 	ce ceò					
fe- 	fe feòrag					
ge- 	ge geal					
pe- 	pe peann					
te- 	te teòclaid					

ea
seillean



Can “/ea/ mar a th’ againn san fhacal seillean.”
Ruith do chorrage thairis air a’ ghrafiom ‘ea’ agus
can am fuaim /a/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu sheilleanan. Bruidhinn
air na seilleanan a chithear ann an gàrraidhean agus
mun fheadhainn a bhios a’ dèanamh mìl. Bruidhinn
air poileanachadh ’s air an àite chudromach a th’ aig
seilleanan ann a bhith a’ gluasad poilean gu flùraichean
agus bàrr airson gum fàs iad.

ei l ea n

an ai l ea g

b r oi ll ea ch

A m F ao i ll ea ch

Ruith do chorrage fo na faclan. Can na fuaimean
agus coimeasgaich.


Can agus sgrìobh ‘ea’ aig an aon àm. Litrichean
‘duilleag’ agus ‘sgilean’ còmhla.

ea




Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /a/ mar a th’ againn san fhacal ‘seillean’.” **Cùm** cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /a/ san fhacal ‘seillean?’” **Cùm** cairt leis an dealbh seo oirre airson a mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘ea’.



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /a/.”
“Le do chorraig ‘sgrìobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” **Faighnich**, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”



Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /a/ anns na faclan seo?”
sgàilean cuileag cailleach

Cùm grèim air creidhean eadar do sgealbag agus d’ òrdag. Cuir do chorràg-mheadhain (an gunna fada) fon pheansail. Cuir dath air an t-seillean.”

a m b ai l ea n s

b r oi ll ea ch

g i ll ea n

Ruith do chorràg fo na grafioman bhon taobh chli chun an taoibh dheis.
Can ris an sgoilear, “Can na fuaimean. An cluinn thu facal?”

“Cuimhnich air do pheansail a chumail mar gum biodh ‘**losgann na shuidhe air loga**’. Dèan dealbh de sheillean a’ gluasad am measg fhluirichean.”

6.1 Seantansan/Abairtean

Th a m i a' f u i r e a c h a i r
e i l e a n.

Th u g m i l e a m s g à i l e a n o i r
b h a a n t - u i s g e m ò r a n n.

Th a c a i l l e a c h b h e a g
a' f u i r e a c h a n - a t h - d h o r a s
d h u i n n.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh. Dèan dealbh airson aon seantans.

ai id ìd -achd -eachd -ochd -uchd -ùchd de dè adh -eadh eu ea a' t- -e

6.1 Seantansan/Abairtean

ai id ìd -achd
-eachd -ochd -uchd
-ùchd de dè -adh
-eadh eu

ea a' -a a -e 's

Bidh mi a' cuideachadh mo sheanar anns a' ghàrradh bho àm gu àm. Aon latha samhraidh agus sinn a' dùsgadh an talaimh timcheall nam flùraichean le forc, chunna sinn seillean. Bha mi ga choimhead a' gluasad eadar na flùraichean brèagha dathach.

Sgèith e a-null air a shocair gu far an robh mi fhèin agus mo sheanair nar seasamh. Ghabh mise eagal nuair a thàinig e faisg orm. Bha e a' sgiathalaich mu mo cheann 's mu mo bhroilleach.

Thuirtean rium fuireach nam thàmh agus 's e sin a rinn mi gus an deach an seillean air ais a mheasg nam flùraichean.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

di
diùdo



Can “/di/ mar a th’ againn san fhacal diùdo.” Ruith do chorràg thairis air a’ ghrafiom ‘di’ agus can am fuaim /di/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu diùdo. Càit an do thòisich daoine a’ feuchainn air diùdo an toiseach? Ciamar a nì thu a’ chùis ann an diùdo? Dè an t-aodach a bhios air an fheadhainn a bhios a’ feuchainn air? A bheil neach sa chlas a’ dol gu club diùdo?

di ù l t

Di l ua i n

ai b i di l

Di a r d ao i n

Ruith do chorràg fo na faclan. Can na fuaimean agus coimeasgaich.


Can agus sgrìobh ‘di’ aig an aon àm. Litrichean ‘diùid’ agus ‘diùc’ còmhla.

di





Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /di/ mar a th’ againn san fhacal ‘diùdo.’” **Cùm** cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /di/ san fhacal ‘diùdo?’” **Cùm** cairt leis an dealbh seo oirre airson a mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘di’.



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /di/.”
“Le do chorraig ‘sgrìobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” **Faighnich**, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”



Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /di/ anns na faclan seo?”
aibidil dithis ridire

“Cùm grèim air peansail eadar do sgealbag agus d’ òrdag. Cuir do chorràg-mheadhain (an gunna fada) fon pheansail. Cuir dath air an dithis a tha a’ feuchainn air diùdo.”

dio f a r di **th** i s

dio g dio g ai l


Di ù r a ch

Cuimhnich gur e an grafiom **io** còd airson an fhuaim /i/.
Ruith do chorràg fo na grafioman bhon taobh chli chun an taoibh dheis.
Can ris an sgoilear, “Can na fuaimean. An cluinn thu facal?”

“Cuimhnich air do pheansail a chumail mar gum biodh ‘**losgann na shuidhe air loga**’. Dèan dealbh de ridire le claidheamh air druim eich.”

Tha an aon fhuaim aig a' ghrafiom **dio** 's a th' aig **di** agus **de** oir 's e **io** an còd airson an fhuaim /i/.

dio
a' diogladh



Can "/dio/ mar a th' againn san fhacal a' diogladh."
Ruith do chorràg thairis air a' ghrafiom 'dio' agus
can am fuaim /dio/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu cò ris a tha e coltach
nuair a bhios neach gad dhiogladh. Ciamar a bhios
tu a faireachdainn agus dè bhios tù a dèanamh?



dio

Faighnich, "Càit a bheil thu a' cluinntinn an fhuaim
/dio/ anns na faclan seo?" **Cùm** cairt leis an dealbh
seo oirre airson a mhaidseadh ris a' ghrafiom 'dio'.


Can, "'S e an grafiom seo còd airson an fhuaim
/dio/ mar a th' againn san fhacal 'a' diogladh'."
Cùm cairt leis a' ghrafiom seo oirre airson
gheamannan agus airson ghnìomhan.

dio g

dio f a r

dio g a l a ch

dio g a d a i ch



"A' tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh
le do chorràig agus can am fuaim /dio/."
"Le do chorràig 'sgrìobh' na litrichean anns an adhar."

"Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad
far an tòisich thu?" **Faighnich**, "'S e an grafiom seo
an còd airson an fhuaim...?"

Ruith do chorràg fo na faclan. Can na fuaimean
agus coimeasgaich.

Can agus sgrìobh 'dio' aig an aon àm. Litrich 'diog'
agus 'diofar' còmhla.

6.2 Seantansan/Abairtean

Th a a n Di ù c a' f u i r e a c h
a n n s a' c h a i s t e a l.

Th a f a r p a i s di ù d o a g a m
f e a s g a r Di l u a i n.

F a o d a i d h di t h i s s u i d h e a i g
a' b h ò r d s e o.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh.
Dèan dealbhan airson aon seantans.

ai id ìd -achd -eachd -ochd -uchd -ùchd de dè adh -eadh eu ea **di dio** a' -e

6.2 Seantansan/Abairtean

ai	id	ìd	-achd
-eachd	-ochd	-uchd	
-ùchd	de	dè	-adh
-eadh	eu		

ea	di	dio	a	a'	-a
'S	dh'	a-	-e		

Nuair a bha mi air Clas 1, bhiodh sinn a' ruith thairis air na làithean gach madainn. 'S ann mar sin a dh'ionnsaich mi iad. Tha iad agam air bàrr mo theanga, agus a-nis, tha mi ag ionnsachadh ciamar a sgrìobhas mi iad.

Diluain

Dimàirt

Diciadain

Diardaoin

Dihaoine

Disathairne

Latha na Sàbaid / Didòmhnaich

Leugh na seantansan.


Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

dì

dìnnear



Can “/dì/ mar a th’ againn san fhacal dìnnear.” Ruith do chorrage thairis air a’ ghrafiom ‘dì’ agus can am fuaime /dì/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu bhiadh. Dè an dìnnear as fheàrr le sgoilearan? Bruidhinn mu na seòrsaichean bìdh a nì dìnnearan fallain.

dì g

dì th


dì r ea ch

dì l ea s

Ruith do chorrage fo na faclan. Can na fuaimean agus coimeasgaich.


Can agus sgrìobh ‘dì’ aig an aon àm. Litriche ‘a’ dìreadh’ agus ‘diult’ còmhla.

dì





Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /**dì**/ mar a th’ againn san fhacal ‘**d**innear’.” **Cùm** cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /**dì**/ san fhacal ‘**d**innear?’” **Cùm** cairt leis an dealbh seo oirre airson a’ mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘dì’.



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /**dì**/.”
“Le do chorraig ‘sgrìobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” **Faighnich**, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”



Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /**dì**/ anns na faclan seo?”
an dìle bhàite dìneasair dìthean

“Cùm grèim air creidhean eadar do sgealbag agus d’ òrdag. Cuir do chorràg-mheadhain (an gunna fada) fon chreidhean. Cuir dath air an truinnsair bìdh.”

dì l ea b

dì ch ea ll


dì r ea ch

Ruith do chorràg fo na grafioman bhon taobh chli chun an taobh dheis.
Can ris an sgoilear, “Can na fuaimean. An cluinn thu facal?”

“Cuimhnich air do pheansail a chumail mar gum biodh ‘**l**osgann na **shuidhe air l**oga’. Dèan dealbh de theaghlach timcheall a’ bhùird aig àm dìneir.”

Ann an cuid de dh'fhaclan, tha an aon fhuaim aig a' ghrafiom **dìo** 's a th' aig **dì** oir 's e **io** an còd airson an fhuaim /i/.

dìo
dìog



Can “/dìo/ mar a th’ againn san fhacal dìog.” Ruith do chorràg thairis air a’ ghrafiom ‘dìo’ agus can am fuaim /dìo/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu rudan a dh’fheumas sinn a dhìogadh airson an cur a dhol.



dìo

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /**dìo**/ anns na faclan seo?” **Cùm** cairt leis an dealbh seo oirre airson a mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘dìo’.


Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /**dìo**/ mar a th’ againn san fhacal ‘**dìog**’.” **Cùm** cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

dìo s g a n

dìo bh ai r

dìo s g

a’ dìo s g ai l



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorràig agus can am fuaim /**dìo**/.”
“Le do chorràig ‘sgrìobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” **Faighnich**, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”

Ruith do chorràg fo na faclan. Can na fuaimen agus coimeasgaich.

Can agus sgrìobh ‘dìo’ aig an aon àm. Litrich ‘diosgan’ agus ‘diobair’ còmhla.

6.3 Seantansan/Abairtean

A b a i r u i s g e ! T h a a n d ì l e
b h à i t ' a n n .

'S e d ì t h e a n f a c a l e i l e
s o n s ì t h e a n . D è c h a n a s t u
f h è i n ?

F h u a i r s i n n c u i l e a n . T h u g
s i n n D ì l e a s a i r m a r a i n m .

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh. Dèan dealbhan airson aon seantans.

ai id ìd -achd -eachd -ochd -uchd -ùchd de dè adh -eadh eu ea di dio **di dìo**
-e 'S

6.3 Seantansan/Abairtean

ai id ìd -achd
-eachd -ochd -uchd
-ùchd de dè -adh
-eadh eu

ea di dio dì dìo a
dh' -e Dh' -a bh'
's b' B'

Nuair a bha sinn ag ionnsachadh mu chaistealan san sgoil, dh'iarr an tidsear oirnn sgeulachd a sgrìobhadh mu rùm dìomhair a bha diùc a' cumail glaiste

Dh'fheumadh sinn innse cò ris a bha an rùm coltach agus dè na rudan a bha ann. Dh'fheumadh sinn cuideachd innse carson a bhiodh an diùc ga ghlasadh.

Sgrìobh mise gur e rùm mòr a bh' ann, le bòrd fada air a sgeadachadh le soithichean agus uidheaman-ithe airgid far am biodh cuirm ga cumail aon uair sa mhìos don luchd-obrach airson cho dìleas agus cho dìcheallach 's a bha iad dhan diùc.

Cha b' àbhaist gum biodh an luchd-obrach ag ithe ann an rùm cho spaideil 's mar sin, b' e dinnear shònraichte a bh' ann dhaibh gach mìos. B' e duine gasta a bh' anns an diùc.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

-igh
taigh



Can “/i/ mar a th’ againn san fhacal taigh.” Ruith do chorrage thairis air a’ ghrafiom ‘igh’ agus can am fuaim /i/ aig an aon àm. Thoir gu aire an sgoileir gu bheil ‘gh’ sàmhach.

Dèan beagan còmhraidh mu thaighean. Cò ris a tha na taighean a tha faisg air an sgoil coltach? Dè na diofar sheòrsaichean thaighean a th’ aig daoine?

a - m u igh

a’ n igh e

l a igh

a g èi r igh

Ruith do chorrage fo na faclan. Can na fuaimnean agus coimeasgaich.


Can agus sgrìobh ‘igh’ aig an aon àm. Litrichean ‘pàigh’ agus ‘faighnich’ còmhla.

-igh



Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /i/ mar a th’ againn san fhacal ‘taigh’. Tha ‘gh’ sàmhach.” Cùm cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /i/ san fhacal ‘taigh’?” Cùm cairt leis an dealbh seo oirre airson a mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘igh’.



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /i/. Cuimhnich gu bheil ‘gh’ sàmhach.”
“Le do chorraig ‘sgriobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” Faighnich, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”



Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /i/ anns na faclan seo?”
laigh A’ Chuimrigh ag èirigh
Thoir gu aire an sgoileir nach eil an grafiom ‘igh’ a’ nochdadh uair sam bith aig toiseach fhaclan.

“Cùm grèim air pheansail eadar do sgealbag agus d’ òrdag. Cuir do chorrage-mheadhain (an gunna fada) fon pheansail. Cuir dath air an taigh.”

t r à igh f igh e
s l igh e d ò igh
f a igh b l o igh

Ruith do chorrage fo na grafioman bhon taobh chli chun an taobh dheis.
Can ris an sgoilear, “Can na fuaimnean. An cluinn thu facal?”

“Cuimhnich air do pheansail a chumail mar gum biodh ‘**losgann na shuidhe air loga**’. Dèan dealbh de thaigh a chì thu anns a’ choimhearsnachd agad fhèin.”

6.4 Seantansan/Abairtean

'L a igh s i o s, D i l e a s!'

'S e b l o igh p i o s d e r u d.

"An e c l o g a id Fh i o n n l a igh
a t h a s i n a i r a n t a l a m h
r i t a o b h a' b h a i c?"

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh. Dèan dealbh airson aon seantans.

ai id ìd -achd -eachd -ochd -uchd -ùchd de dè adh -eadh eu ea di dio dì dìo -igh
'S a a'

6.4 Seantansan/Abairtean

ai	id	ìd	-achd
-eachd	-ochd	-uchd	
-ùchd	de	dè	-adh
-eadh	eu		

ea	di	dio	dì	dìo	
-igh	a-	a'	-e	-a	a

Feumaidh mi èirigh tràth a-màireach oir tha Oighrig a' tighinn air saor-làithean chun an taigh' againn. Thig i air an aiseag thràth. Tha slighe fhada aice ri thighinn à Barraigh. Tha mi an dòchas gum faigh sinn sìde mhath gus am faigh sinn air a bhith a' cluich a-muigh. Thuirt mo charaid, Seònaid, gun tigeadh ise a chluich còmhla rinn cuideachd. Bidh tòrr spòrs againn a' cluich anns a' ghàrradh agus anns a' phàirc a tha faisg air an taigh againn.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

Fuaimean sàmhach ann am faclan






bh

dh

gh

mh

th

<p>Cùm an àirde cairt leis a' ghrafiom 'bh' oirre agus can, "Dh'ionnsaich sibh mun fhuaim /bh/ ann an Aonad 2 ach ann an cuid de dh'fhaclan, chan eil fuaim aig 'bh'."</p>	<p>Cùm an àirde cairt leis a' ghrafiom 'dh' oirre agus can, "Dh'ionnsaich sibh mun fhuaim /dh/ ann an Aonad 3 ach ann an cuid de dh'fhaclan, chan eil fuaim aig 'dh'."</p>	<p>Cùm an àirde cairt leis a' ghrafiom 'gh' oirre agus can, "Dh'ionnsaich sibh mun fhuaim /gh/ ann an Aonad 3 ach ann an cuid de dh'fhaclan, chan eil fuaim aig 'gh'."</p>	<p>Cùm an àirde cairt leis a' ghrafiom 'mh' oirre agus can, "Dh'ionnsaich sibh mun fhuaim /mh/ ann an Aonad 2 ach ann an cuid de dh'fhaclan, chan eil fuaim aig 'mh'."</p>	<p>Cùm an àirde cairt leis a' ghrafiom 'th' oirre agus can, "Dh'ionnsaich sibh ann an Aonad 2, nach eil fuaim aig 'th' ann an cuid de dh'fhaclan."</p>
 <p>ubhal</p>	 <p>adharc</p>	 <p>bogha-froise</p>	 <p>còmhlán</p>	 <p>rathad</p>
<p>Tha 'bh' anns na faclan seo sàmhach.</p> <p>gobhar cha robh dubh siubhal</p>	<p>Tha 'dh' am meadhan nam faclan seo sàmhach.</p> <p>adhar bliadhna am meadhan</p>	<p>Tha 'gh' anns na faclan seo sàmhach.</p> <p>co-ogha brèagha a' tighinn an-diugh</p>	<p>Tha 'mh' anns na faclan seo sàmhach.</p> <p>còmhlà clòimh a' coimhead tomhas</p>	<p>Tha 'th' am meadhan nam faclan seo sàmhach.</p> <p>bruthach latha a-rithist</p>

Am faigh thu air na faclan a leughadh?
 Ruith do chorràg fo na faclan. Can na fuaimean agus coimeasgaich.

Lorg faclan anns am bheil na fuaimean shàmhach seo na do leabhar leughaidh.
 Sgrìobh an seo iad. Am faigh thu air an leughadh?

bh	dh	gh	mh	th

6.5 Seantansan/Abairtean

Tha sgòthan mòra dubha anns an aghar. Tha coltas an uisg' oirre.

Rinn sinn tòrr còmhairidh anns an sgoil mu airgead a thogail airson carthanas.

Tha an t-aghar brèagha a-nochd.

Tha Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach.

Is ainne dhomh am boireannaach sin. An ainneich thusa i?

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh. Dèan dealbhan airson aon seantans.

ai id ìd -achd -eachd -ochd -uchd -ùchd de dè adh -eadh eu ea dì dio dì dio -igh bh dh gh mh th -a -e a t- a-

6.5 Seantansan/Abairtean

ai id ìd -achd
-eachd -ochd -uchd
-ùchd de dè -adh
-eadh eu

ea di dio dì dìo -igh
bh dh gh mh th
B' a a' b' dh' -a a-

B' ann anns an Dùbhlachd a thachair seo.
Cha robh mo sheanair a' faireachdainn glè
mhath. Bha e ann am pian. Bha lot mòr
air a chois. Cha b' urrainn dha coiseachd.

Chuir sinn a dh'iarraidh carbad-eiridinn airson
a thoirt dhan ospadal. Bha e san ospadal
airson seachdain agus bhithinn fhèin agus
mo cho-ogha a' dol a choimhead air gach
feasgar.

Thòisich e a' dol am feabhas aig an
taigh agus bhiodh sinn a' dol cuairt ghoirid
còmhla ris. Bha sin na dhùbhlàn dha an
toiseach ach cha b' fhada gus an robh e
a' faireachdainn làidir a-rithist.

Leugh na seantansan.


Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

st

combaist



Can “/st/ mar a th’ againn san fhacal combaist.” Ruith do chorràg thairis air a’ ghrafiom ‘st’ agus can am fuaim /st/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu shlighean, chombaistean agus na h-àirdean. Dè na h-innealan a dh’fhaodadh neach a chleachdadh airson a shlighe a dhèanamh bho aon àite gu àit’ eile?

b r ài s t e

g l a i s t e


c i s t e

a - r i t h i s t

Ruith do chorràg fo na faclan. Can na fuaimean agus coimeasgaich.


Can agus sgrìobh ‘st’ aig an aon àm. Litriche ‘briste’ agus ‘bracaist’ còmhla.

st




Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /st/ mar a th’ againn san fhacal ‘combaist’.” **Cùm** cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /st/ san fhacal ‘combaist’?” **Cùm** cairt leis an dealbh seo oirre airson a mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘st’.



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /st/.”
“Le do chorraig ‘sgrìobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” **Faighnich**, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”



Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /st/ anns na faclan seo?”
uilebheist comharra-ceiste ciste-ionmhais

“Cùm grèim air creidhean eadar do sgealbag agus d’ òrdag. Cuir do chorràg-mheadhain (an gunna fada) fon chreidhean. Cuir dath air a’ chombaist agus sgrìobh na h-àirdean oirre.”

t u b a i s t i s t
m i n i s t e a r
s è i s t à b h a i s t

Ruith do chorràg fo na grafioman bhon taobh chli chun an taoibh dheis.
Can ris an sgoilear, “Can na fuaimean. An cluinn thu facal?”

“Cuimhnich air do pheansail a chumail mar gum biodh ‘**losgann na shuidhe air loga**’. Dèan dealbh dhìot fhèin air eilean iomallach a’ sireadh ciste-ionmhais le combaist.”

6.6 Seantansan/Abairtean

S e i n n i d h s i n n s è i s t e a d a r
g a c h r a n n.

T h a m i a ' d o l g u O i f i s
a ' P h u i s t l e l i t i r.

S a o i l a b h e i l u i l e b h e i s t
a n n a n L o c h N i s ?

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh. Dèan dealbh airson aon seantans.

6.6 Seantansan/Abairtean

ai id ìd -achd
-eachd -ochd -uchd
-ùchd de dè -adh
-eadh eu

ea di dio dì dìo -igh
bh dh gh mh th st
-a a' t- -e 's a b' dh'

Thilg an spuinneadair-mara spaid gu tìr agus rinn e cinnteach gun robh am map agus a' chombaist na phòcaid mus do leum e fhèin. Cheangail e am bàta ri clach le ròp.

Thug e cola-deug a' ruighinn an eilein. Cola-deug de shìde ghrianach, theth 's gun aige ach beagan uisge ri òl agus beagan bìdh ri ith'.

Bha e air bhioran 's e cho faisg air a' chiste-ionmhais fhaighinn dha fhèin! Sheall e ris a' mhap agus chleachd e a' chombaist airson a' chist' a lorg.

Thòisich e ri cladhach leis an spaid. Cha b' fhada gus an do dh'fhairich e rudeigin cruaidh fo ghob na spaid. Abair gàirdeachas, ach gu mì-fhortanach, cha robh ann ach clach!

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

-rt
cairt



Can “/rt/ mar a th’ againn san fhacal cairt.” Ruith do chorrage thairis air a’ ghrafiom ‘rt’ agus can am fuaim /rt/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu dhaoine a bhith a’ faighinn agus a’ cur chairtean. Dè na seòrsaichean chairtean a gheibh thu ri cheannach? Cuin a bhios daoine a’ toirt seachad chairtean?

d òi rt

p ài rt

o rt

Di m ài rt

Ruith do chorrage fo na faclan. Can na fuaimean agus coimeasgaich.


Can agus sgrìobh ‘rt’ aig an aon àm. Litrichean ‘murt’ agus ‘goirt’ còmhla.

-rt



Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /rt/ mar a th’ againn san fhacal ‘cairt’.” **Cùm** cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /rt/ san fhacal ‘cairt’?” **Cùm** cairt leis an dealbh seo oirre airson a mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘rt’.



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /rt/.”
“Le do chorraig ‘sgrìobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” **Faighnich**, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”



Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /rt/ anns na faclan seo?”
cairteal a’ dìobhairt cunnart

“Cùm grèim air creidhean eadar do sgealbag agus d’ òrdag. Cuir do chorrage-mheadhain (an gunna fada) fon chreidhean. Cuir dath air a’ chairt.”

c ùi rt - lagha

g oi rt

P o rt R ìgh

Ruith do chorrage fo na grafioman bhon taobh chli chun an taoibh dheis.
Can ris an sgoilear, “Can na fuaimean. An cluinn thu facal?”

“Cuimhnich air do pheansail a chumail mar gum biodh ‘**losgann na shuidhe air loga**’. Dealbhaich cairt a chuireadh tu gu caraid airson an co-là breith.”

6.7 Seantansan/Abairtean

S t a d s i n n a n n a m P o r t

R ì g h a i r a n t - s l i g h ' a d h ' Ù i g .

G h l a c s i n n a i s e a g n a

H e a r a d h a b h a a ' f à g a i l

a i g f i c h e a d m i o n a i d g u

m e a d h a n - l a t h a .

T h a s i n n a ' d o l c u a i r t

l e i s a ' c h ù .

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh. Dèan dealbhan airson aon seantans.

6.7 Seantansan/Abairtean

ai id ìd -achd
-eachd -ochd -uchd
-ùchd de dè -adh
-eadh eu

ea ea di dio dì dìo
-igh bh dh gh mh th
st -rt -a dh' Dh' a
-e a' a-

Latha agus mi san sgoil, dh'fhàs mo bhrù goirt. Dh'iarr mi a dhol dhachaigh agus dh'fhòn an tidsear gu mo mhàthair.

Thàinig Mamaidh air mo thòir. Bha an càr aice blàth agus bha i a' dràibheadh luath air rathad camagach. Thuir mi rithe gabhail air a socair, gun robh mi a' dol a dhìobhairt ach cha do dh'èist i! Chuir mi a-mach mus do ràinig sinn an taigh.

Ghlan Mamaidh an càr an dèidh dhomh a dhol nam shìneadh air an leabaidh.


Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

agh sluagh



Can “/agh/ mar a th’ againn san fhacal sluagh.”
Ruith do chorrage thairis air a’ ghrafiom ‘agh’ agus
can am fuaim /agh/ aig an aon àm.

Dèan beagan còmhraidh mu thachartasan far am
bi sluagh mòr a’ cruinneachadh. An robh neach
sa chlas a-riamh aig tachartas far an robh sluagh
mòr an làthair?

d r agh

l agh

t agh

agh

Ruith do chorrage fo na faclan. Can na fuaimean agus
coimeasgaich.


Can agus sgrìobh ‘agh’ aig an aon àm. Litrichean
‘aghaidh’ agus ‘truagh’ còmhla.

agh




Can, “S e an grafiom seo còd airson an fhuaim /agh/ mar a th’ againn san fhacal ‘sluagh.’” **Cùm** cairt leis a’ ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.

Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /agh/ san fhacal ‘sluagh?’” **Cùm** cairt leis an dealbh seo oirre airson a mhaidseadh ris a’ ghrafiom ‘agh’.



“A’ tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /agh/.”
“Le do chorraig ‘sgrìobh’ na litrichean anns an adhar.”

“Sgrìobh an grafiom an seo. A bheil cuimhne agad far an tòisich thu?” **Faighnich**, “S e an grafiom seo an còd airson an fhuaim...?”



Faighnich, “Càit a bheil thu a’ cluinntinn an fhuaim /agh/ anns na faclan seo?”
stuagh truaghan aghaidh

“Cùm grèim air creidhean eadar do sgealbag agus d’ òrdag. Cuir do chorrach-mheadhain (an gunna fada) fon chreidhean. Cuir dath air an t-sluagh.”

c a rr agh

agh aidh

l agh ai l

Ruith do chorrach fo na grafioman bhon taobh chli chun an taoibh dheis.
Can ris an sgoilear, “Can na fuaimean. An cluinn thu facal?”

“Cuimhnich air do pheansail a chumail mar gum biodh ‘**losgann na shuidhe air loga**’. Dèan dealbh dhìot fhèin am measg sluagh air an t-sràid no aig cuirm ciùil no aig tachartas spòrs.”

6.8 Seantansan/Abairtean

Na gabhadh dragh. Bidh a
h-uile càil ceart gu lèir.

Tha Granaidh truagh san
ospadal o thuit i a-muigh.

Sheas sinn air an tràigh
a' coimhead nan stuaghan
mòra.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh.
Dèan dealbhan airson aon seantans.

6.8 Seantansan/Abairtean

ai id ìd -achd
-eachd -ochd -uchd
-ùchd de dè -adh
-eadh eu

ea di dio dì dìo -igh
bh dh gh mh th st
-rt agh -a a 's

Tha iomadach seòrsa obair aig neach-lagha ri dhèanamh. Feumaidh neach-lagha cùisean agus pàipearan ullachadh, rannsachadh a dhèanamh, nochdadh sa chùirt bho àm gu àm airson daoine a chuideachadh, formaichean a lìonadh a-steach, taighean a reic agus comhairl' a thoirt seachad.

Faodaidh neach-lagha obair fhaighinn ann an diofar roinnean a rèir 's dè an seòrsa obair bu chaomh leotha a dhèanamh.













Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

Airson cuid de dh'fhaclan, gabhaidh na fuaimean seo a chleachdadh airson coimeasgachadh

be-	ce-	fe-	ge	pe-	te-
					
bealach	ceò	feòrag	geal	peann	teòclaid
Ruith do chorrach thairis air a' ghrafiom 'be-'.	Ruith do chorrach thairis air a' ghrafiom 'ce-'.	Ruith do chorrach thairis air a' ghrafiom 'fe-'.	Ruith do chorrach thairis air a' ghrafiom 'ge-'.	Ruith do chorrach thairis air a' ghrafiom 'pe-'.	Ruith do chorrach thairis air a' ghrafiom 'te-'.
Cùm cairt leis a' ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.	Cùm cairt leis a' ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.	Cùm cairt leis a' ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.	Cùm cairt leis a' ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.	Cùm cairt leis a' ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.	Cùm cairt leis a' ghrafiom seo oirre airson gheamannan agus airson ghnìomhan.
					
"A' tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /be/." "Le do chorraig 'sgrìobh' na litrichean anns an adhar."	"A' tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /ce/." "Le do chorraig 'sgrìobh' na litrichean anns an adhar."	"A' tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /fe/." "Le do chorraig 'sgrìobh' na litrichean anns an adhar."	"A' tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /ge/." "Le do chorraig 'sgrìobh' na litrichean anns an adhar."	"A' tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /pe/." "Le do chorraig 'sgrìobh' na litrichean anns an adhar."	"A' tòiseachadh aig an spot dhearg, lean gach cumadh le do chorraig agus can am fuaim /te/." "Le do chorraig 'sgrìobh' na litrichean anns an adhar."
be a nn be achd be ai rt be a nn a g	ce a nn ce a r c a ll ce a rt ce a r c	fe òi l air fe adh fe a ll a - dh à fe a nn t a g	c l ai ge a nn ge a ll b à t a - ai ge i l ge a l a ch	pe a nn pe a r s a Pe ai rt s pe a l g a n	te a nn te a m p a ll i te b o i te a g

6.9 Seantansan/Abairtean

Bha na solais a' deàlradh taobh
thall a' bhàigh.

Tha Bealach na Bà faisg air
A' Chomraich.

Gheibh thu boiteagan san talamh.

Bidh borbair a' gearradh gruaig
nan gillean.

Stad an trèan ann am Peairt.

'S e cumaidhean a th' ann an
cearcall agus ceàrnag.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan a' cuimhneachadh air litrichean mòra, rùm corraig fhàgail eadar na faclan agus puingeachadh.
Dèan dealbhan airson aon seantans.

ai id ìd -achd -eachd -ochd -uchd -ùchd de dè adh -eadh eu ea di dio dì dìo -igh bh dh gh mh th st -rt
agh be ce fe ge pe te -a a' A' 'S a th'

6.9 Seantansan/Abairtean

ai id ìd -achd
-eachd -ochd -uchd
-ùchd de dè -adh
-eadh eu

ea di dio dì dìo -igh
bh dh gh mh th st
-rt agh be- ce- fe- ge-
pe- te- a' a t- -e -a a-

Tha sinn a' dol a shreap nam beann faisg air Peairt. Bheir sinn leinn combaist agus map gus an cùm sinn ris an t-slighe cheart, бага le biadh agus uisge, brògan mòra, aodach blàth, teant agus pocannan-cadail.

Cha robh mi a' sreap a-riamh ach tha mi a' coimhead air adhart ris. Tha sinn a' dol a champachadh aig àite-campachaidh.

Bruichidh sinn ar biadh air stòbha gas. Bheir sinn leinn burgaran agus isbeanan agus rolaichean agus deochan sùgh-measa.

Togaidh sinn teine agus bidh cèilidh againn far am bi sinn a' seinn òrain timcheall air an teine gus an tèid sinn a chadal.

Leugh na seantansan.

Sgrìobh na seantansan no feuch fhèin ri seantans ùr a sgrìobhadh.

Dèan dealbh airson na sgeulachd.

Deachdadh: faodar na seantansan a leughadh a-mach gus an sgrìobh an sgoilear iad.

Faclan feumail agus cumanta a dh'fhaodadh a bhith doirbh

aig	aige	aice	againn
air	airson	air ais	agus
ann	th' ann	thèid	cha tèid
's e	seo	sin	sinn
sibh	an robh	cha robh	dhomh
is toigh	beag	càit	cuidich
an-diugh	dubh	leam	taigh
gheibh	chan fhaigh	a' fhaighinn	a' tighinn
a' coimhead	a' dèanamh	dèan	leis
mi fhèin	leig	a' ruith	a' leum
a' falbh	ag ithe	a h-uile	chuir
chaidh	dè	mise	geal
chunnaic	thuirt	thàinig	fhuair
thu	duine	buidhe	daoine

Faclan cumanta - an leugh thu iad?

FACLAN CUMANTA	SEANTANSAN ANNS A BHEIL NA FACLAN
sia	Tha mi sia bliadhna a dh'aois.
aig	Tha càr dearg aig an taigh an-ath-dhoras.
seo	Seo far am bi mise a' cadal.
chuir	Cha do chuir mise mo cheapaire dhan bhion.
e	An e sin do gheansaidh?
aon	Cha b' e aon iasg a ghlac mi ach a dhà!
mise	Chan eil mise a' dol dhan sgoil an-diugh. Tha mi tinn.
a bheil	A bheil a' bhùth a' fosgladh tràth?
cha toigh	Cha toigh leam ìm idir.
dubh	Tha mo ghruag dubh .
i	Tha i fliuch an-diugh.
air	Fhad 's a bha sinn a' cluich, dh'fhàg mi an toidh agam air clach.
a' coimhead	Cò ris a tha thu a' coimhead ?
a' falbh	Tha sinn a' falbh air saor-làithean!
thàinig	Thàinig mo cho-ogha a dh'fhuireach còmhla rinn.
airson	Dè fhuair thu airson do cho-là breith?
ag iarraidh	Tha mi ag iarraidh sliseagan agus iasg ith gu mo theatha.
leum	Chan urrainn dhut leum tarsainn sin!
a-staigh	Dh'fhuirich mi a-staigh oir bha e cho fuar.
an-diugh	Dè nì mi an-diugh ?
thuirt	Thuirt m' athair nach robh an còrr a mhìlsein ann.
chaidh	Chaidh mi chun an fhiaclair.
cha robh	Cha robh gu leòr connaidh sa chàr a bheireadh dhachaigh sinn.
ruith	Ruith mi cho luath 's a b' urrainn dhomh.
a' cluich	Bha mi a' cluich sa phàirc an dèidh na sgoile.
sgoil	A bheil an sgoil a' còrdadh riut?
càit'	Càit' an do chuir mi mo bhaga?


Faclan cumanta - an leugh thu iad?

FACLAN CUMANTA	SEANTANSAN ANNS A BHEIL NA FACLAN
thòisich	Thòisich mo phiuthar a' caoineadh nuair a chunnaic i an cù.
a h-uile	Bha a h-uile sùbh-làir sa bhogsa grad.
a-steach	Thàinig mi a-steach às an uisge.
taigh	Tha an taigh againn am meadhan a' bhaile.
daoine	Bidh daoine a' tighinn dhan eilean gach bliadhna.
an-dè	Càit an robh thu an-dè ?
chuidich	Chuidich mi le bhith a' toirt bhagaichean a-steach às a' char.
leam	Is toigh leam a bhith a' cluich hocaidh.
an uair sin	Thèid sinn air an trèana agus an uair sin air an itealan.
geal	Tha sneachda geal .
aodann	Ghlan mi m' aodann mus deach mi a-mach a chluich.
aice	Chan eil bràthair aice .
eile	Am faod mi cèic eile a thoirt leam?
dearg	Is toigh leam silidh dearg air pìos. Ium.
againn	Chan eil cat no cù againn .
còmhla ri	Shuidh mi còmhla ri mo charaid sa chafaidh.
ràinig	Cuin a ràinig sibh an taigh-òsta a-raoir?
is toigh	Is toigh leis a' chù a bhith a' cluich le bàlla.
chunnaic	Chunnaic mi dà isean bheag bhrèaga sa ghàrradh.
buidhe	Chan eil peansail buidhe sa bhogsa.
faodaidh	Faodaidh tu a dhol a-mach a chluich.
duine	Cha robh duine air a' bhus còmhla rium.
fhuair	Fhuair mi dà pharsail air a' phost. Saoil dè th' annta?
a' dèanamh	Dè tha thu a' dèanamh ?
ag innse	Bidh mise ag innse air clann a tha crosta san raon-cluiche.
uaine	Tha an geansaidh sgoil againn uaine .
aige	Tha piuthar aig m' athair ach chan eil bràthair aige .












Còd na h-aibidil

c cas 					
m muc 					
d doras 					
s sàbh 					
a ad 	ai parsail	ea seillean			
o orainsear 	oi coire	eo reothadair			
l lus 	ll crogall				


Tha fuaimreagan caol air gach taobh de ‘ll’ ga dhèanamh bog: sgillinn

r ròn 	rr curran				
---------------------------------------------------------------------------------------------------	---------------------	--	--	--	--



Fuaimnich na connragan dùbailte mar aon fhuaim: 's e ‘rr’ an còd airson /r/






u ugh 	ui uinneag	iu siuga			
à àl 	ài sgàilean	eà ceàrnag			
f forc 	ph cairt-phuist				
g grian 					
n nathair 	nn tunnag				
ò òrd 	òì còisir	eò seòmar			
ù cù 	ùì sùil	iù siùcar			
b bròg 					
t tùr 					
p putan 					
sh shad 	th thog				

Tha an fhuaimreag **an dèidh** ‘sh’ a’ toirt beagan buaidh air an fhuaim: **sh**àbh agus **she**all


i ite 	-idh silidh	-aidh làraidh	io crios	ai balaich	-igh taigh
-----------------------------------------------------------------------------------------------------	-----------------------	-------------------------	--------------------	----------------------	----------------------

Tha ‘dh’ aig deireadh **-idh** agus **-aidh** sàmhach












e esan 	ea peant	ei peile			
ì ìne 	ìo siobra				

è èist 	èi cèic	èa trèana				
ch clach 						
mh snàmh 	bh bhan					
ao craobh 						
ua uan 						







Tha **'th'** sàmhach ann am meadhan agus aig deireadh fhaclan agus tha **'fh'** sàmhach sa chumantas

th bùth 	th rathad	fh bruis-fhiaclan	bh ubhal	dh adharc	gh bogha-froise	mh còmhlán
-----------------------------------------------------------------------------------------------------	---------------------	-----------------------------	--------------------	---------------------	---------------------------	----------------------

Tha **'dh'** ann am meadhan facail buailteach a bhith sàmhach. Tha an aon fhuaim aig **'dh'** agus **'gh'** nuair a tha iad an lùib fhuaimreagan agus nuair a tha fuaimreag chaol an dèidh **'dh'**: ghe**ibh**, de**igh**, d**heann**.

dh dhà 2	gh bàgh	adh a' sgrìobhadh	-eadh a' bìdeadh	agh sluagh		
id basgaid 						
ìd sìde 						
faclan le -chd	achd  a' marcachd	eachd 7 seachd	ochd 8 ochd	uchd  luchd-obrach	ùchd  brùchd	
de dearg 	di diùdo	dio a' diogladh				
dè  dealan-dè						
eu reultan 						
dì  dìnnear	dio diog					
st combaist 						
-rt cairt 						

Roghainnean eile

be  bealach						
ce  ceò						
fe  feòrag						
ge  geal						
pe  peann						
te  teòclaid						

Tha teagasg **fonaigs shinteataig**, **rianail** stèidhte air a bhith a' toirt a-steach co-fhreagradh gach litir no buidheann litrichean ri fuaim ann an còd na h-aibidil le gnìomhan a tha nan **cuairt de theagasg agus ionnsachadh**.

San dòigh seo bidh an còd ro seo a' sìor fhaighinn ath-sgrùdadh agus air a dhaingneachadh ann an **eòlas air còd na h-aibidil**. An uair sin, bidh còd ùr air a thoirt a-steach le 'criomagan' a tha a' cur iomadh ciadfàth gu feum airson 'ionnsachadh agus cleachdadh' – agus an uair sin thèid na gnìomhan a leudachadh a-mach gu faclan, seantansan agus teacsaichean gus practas fhaighinn air na **sgilean bunaiteach** – leughadh, litreachadh agus làmh-sgrìobhadh.

